



Reachd I

Ath-leasachadh cràbhach

Ron **Ath-leasachadh**, b' i an Eaglais **Chaitligeach** a' phrìomh eaglais **Chrìosdail** ann an Alba. Bha i gu sònraichte làidir air taobh siar meadhan na h-Alba agus ann am pàirtean den Ghàidhealtachd. Thuirt **Reachd I** gum bu chòir ministearan **Pròstanach** a chur ann am **paraistean** na Gàidhealtachd:

I. Gum biodh na h-eaglaisean air an càradh, gum biodh ministearan anns na paraistean, agus gum biodh an teagasg agus an smachd mar a bha iad sa chòrr dhen dùthaich.

Gu tric b' e am ministear am **maighstir-sgoile**, agus an **ceistear**, a bhiodh a' cur teagasg **Crìosdaidheachd** agus **dleastanasan Crìosdaidhean** òga na h-Alba ann an inntinn nan sgoilearan. Thug na dreuchdan ud cleachdaidhean **cràbhach** a-steach a bha eadar-dhealaichte bho chleachdaidhean traidiseanta nan Gàidheal agus **lagaich** seo a' Ghàidhlig cuideachd.

